

Ath-bheothachadh air beatha chràbhach ann an Alba

Thug a' Bhanrigh Mairead **ath-bheothachadh** air beatha **chràbhach** ann an Alba gu lèir.

Thog i àite air a bheil **Caibeal** an Naoimh Mairead an-diugh, anns a' phios as àirde de Chaisteal Dhùn Èideann. Chuir i air dòigh ath-thogail **manachainn** Eilean ì agus chuir i air dòigh aiseag **an-asgaidh** tarsainn Linne Fhoirthe (aig Port na Banrigh) do **thaistealaich** a bha air an t-slighe gu na prìomh ionadan **cràbhach** ann an Dùn Phàrlain agus Cill Rìmhinn.



Caibeal an Naoimh Mairead



Abaid Eilean ì

